



---

## Seimeastar 2 2016-17

B.A. Cànan agus Cultar na Gàidhlig

---

<b>Tìotal a' Mhodail:</b>	Eachdraidh agus Leasachadh a' Chànain
<b>Còd a' Mhodail:</b>	UQ509828
<b>Ceann-là</b>	Dihaoine 19 den Chèitean 2017
<b>Uair/Ùine:</b>	09.25 - 11.30

'S fhiach an deuchainn seo 50% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-  
iomlan sa mhodal.

### Fiosrachadh:

Tha faclairean Gàidhlig ceadaichte san deuchainn seo, ach chan eil  
leabhraichean no notaichean sam bith eile ceadaichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an  
deuchainn.

Chan fhaodar càil a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh.

### Freagair ceist 1 agus dà cheist eile.

Cuir an **àireamh oileanach** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air  
aghaidh gach leabhar-freagairt.

**Na cuir** d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an  
ceartachadh.

---

1. Cuir Gàidhlig an latha an-diugh air an dà earrainn a leanas à *Foirm na n-Urnuidheadh* (60), agus freagair na ceistean nan cois (40):

DON TRIATH CHUMHACHTACH cheirt-bhreathach chiúin-bhriathrach, do Ghiolla Easbuig Ua nDuibhne, Iarrla Earra Gaoidheal agus Tighearna Ladharna agus Ard-ghiúisdis na h-Alban, darab comh-ainm Lieutenanda a gcríochaibh Oilén Indseadh Gall, agus Aird-cheand teaghlugh na ríghruidhe Albanuidhe, atá M. Séon Carsuel, Ministir tSoisgéil Dé ag guidhe agus ag gé-atach Dé go díochra dúthrachtach fá spioraid an ghlicais agus na tuigse agus na fírinde do neartughadh agus do mhédughadh and, maille ré sonas suthain d'fhagháil dó, ó Dhia Athar tré Iosa Críosd ar dTighearna.

Gluais romad, a leabhraibh bhig,  
go h-Ua nDuibhne rig ad réim...

'Na dhiaidh sin siubhail gach tír  
ar fhud Alban go min mall,  
acht ort ó nach bfuil a bfeidhm,  
ná tabhair céim i ngort Gall.

Dá éis sin taisdil gach tond  
go crích Eireand na bfond bfial;  
gé beag ar na bráithribh thú,  
gluais ar amharc a súl siar. (60)

- a. Seall mar a tha an rosg aig Carsuel an seo a' cleachdadh fheartan a tha nas cumanta ann am bàrdachd sa Ghàidhlig Chlasaigich. (8)
- b. Tha còig eisimpleirean de urachadh an seo le loidhne fodhpa. Minich iad. (15)
- c. Dè tha an dàn goirid an seo ag innse dhuinn mu dheidhinn amasan an leabhair? (8)
- d. Thoir eisimpleir den tuiséal ghinideach iolra, agus den tuiséal tabhartach iolra. (6)
- e. Dè tha an tS a' riochdachadh ann am *Ministir tSoisgéil Dé*? (3)
-

## Freagair dà cheist a-mach à ceistean 2 – 8

Tha 100 comharra air gach ceist.

2. Dè tha sinn a' ciallachadh leis na faclan 'Ceiltis Eòrpach' agus 'Ceiltis Eileanach', agus dè an càirdeas a tha eadar iad agus a' Ghàidhlig an-diugh?
3. Dè cho sean 's a tha sgrìobhadh ann an Gàidhlig ann an Èirinn agus ann an Alba – air clachan agus ann an làmh-sgrìobhainnean?
4. A-rèir an Àrd-Ollaimh Breandán Ó Buachalla, bha mearachdan bunaiteach anns an teòraidh a bha aig an Àrd-Ollamh Coinneach Jackson air *Gàidhlig Choitcheann*. Ach dè cho eadar-dhealaichte 's a bha an dòigh san robh an dithis aca a' faicinn dàimh eadar Gàidhlig na h-Alba, na h-Èireann agus Eilean Mhanainn?
5. Ma sguir bàird is sgrìobhadairean nan làmh-sgrìobhainnean a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig Clasaigich, an tug creideamh pròstanach beatha ùr dhi?
6. An robh 'cunnart' ann bhon 16mh ceud air adhart gum biodh Gàidhlig na h-Alba air a litreachadh ann an dòigh caran coltach ri Gàidhlig Mhanainn? A bheil beachd agad carson a roghnaich feadhainn a bhith a' cleachdadh nòs litreachaidh neo-thradaiseanta?
7. Cuin agus ciamar a chruthaich Gàidheil na h-Alba dreach sgrìobhte dhen chànan a bha steidhichte air a' chainnt a bha nam beul fhèin, an àite a bhith a' coimhead air ais ri eachdraidh no ri Èirinn?
8. An robh comas-leughaidh na bu chumanta am measg nan Gàidheal ann am meadhan na 19mh linn na bha e ann am meadhan na 20mh linn? Ciamar?

Deireadh a' Phàipeir